

# Héman Dubh (01)

The image shows a musical score for the song 'Héman Dubh (01)'. It consists of two staves of music in G major (one sharp) and 4/4 time. The melody is written on a treble clef. The lyrics are written below the notes. The first staff ends with a double bar line and a repeat sign. The second staff begins with a double bar line and a repeat sign, followed by the lyrics. The piece concludes with a double bar line and the instruction 'D.S. Fine'.

Hé - man dubh hì ri och ro hé - man dubh hù ó nan éis-teadh sibh hé-man dubh rium a mhna-than hé-man dubh dh'inn-  
- sinn sgeul hì ri ho ró dhuibh air m' a-thais hé - man dubh hì ri och ro hé - man dubh hù ó

*D.S. Fine*

Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó,

Nan éisteadh sibh, héman dubh,  
Rium a mhnathan, héman dubh,  
Dh'innsinn sgeul, hì ri ho ró,  
Dhuibh air m' athais,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

Dh'innsinn sgeul, héman dubh,  
Dhuibh air m' athais, héman dubh,  
Gu bheil mo leannan, hì ri ho ró,  
Àrd san fhaodhail,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

Gu bheil mo leannan, héman dubh,  
Àrd san fhaodhail, héman dubh,  
Chan fhaod mo ghaol, hì ri ho ró,  
Fhéin an taghal,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

Chan fhaod mo ghaol, héman dubh,  
Fhéin an taghal, héman dubh,  
Òganach donn, hì ri ho ró,  
Deas fo 'chlaidheamh,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

Òganach donn, héman dubh,  
Deas fo 'chlaidheamh, héman dubh,  
'N oidhche bha mi, hì ri ho ró,  
'N àirigh lochain,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

'N oidhche bha mi, héman dubh,  
'N àirigh lochain, héman dubh,  
Cha robh e ann, hì ri ho ró,  
Fear do choltais,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

Cha robh e ann, héman dubh,  
Fear do choltais, héman dubh,  
Bho nach maireann, hì ri ho ró,  
Fionn no Oisean,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

Bho nach maireann, héman dubh,  
Fionn no Oisean, héman dubh,  
No Diarmaid Donn, hì ri ho ró,  
Mac Rìgh Lochlainn,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

No Diarmaid Donn, héman dubh,  
Mac Rìgh Lochlainn, héman dubh,  
Ged tha mise, hì ri ho ró,  
'M uiseag riabhaich,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

Ged tha mise, héman dubh,  
'M uiseag riabhaich, héman dubh,  
Aigeannach, trom, hi ri ho ró,  
Gun 'bhith sgiamhach,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

Aigeannach, trom, héman dubh,  
Gun 'bhith sgiamhach, héman dubh,  
Thàinig teachdair, hi ri ho ró,  
Nis 'gam iarraidh,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

Thàinig teachdair, héman dubh,  
Nis 'gam iarraidh, héman dubh,  
Dithis an-uiridh, hi ri ho ró,  
'S triùir am bliadhna,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

Dithis an-uiridh, héman dubh,  
'S triùir am bliadhna, héman dubh,  
Gille 's litir, hi ri ho ró,  
Each is diollaid,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

Gille 's litir, héman dubh,  
Each is diollaid, héman dubh,  
Falaire dhonn, hi ri ho ró,  
Spuir is srian innt',  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

Falaire dhonn, héman dubh,  
Spuir is srian innt', héman dubh,  
Teachdaireachd, hi ri ho ró,  
Bho mhac an Iarla,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

Teachdaireachd, héman dubh,  
Bho mhac an Iarla, héman dubh,  
Nan robh mise, hi ri ho ró,  
'Am ghille-biatachd,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

Nan robh mise, héman dubh,  
'Am ghille-biatachd, héman dubh,  
'N doras sabhail, hi ri ho ró,  
Bheirinn biadh dhi,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

'N doras sabhail, héman dubh,  
Bheirinn biadh dhi, héman dubh,  
Bheirinn fodar, hi ri ho ró,  
Agus feur dhi,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

Bheirinn fodar, héman dubh,  
Agus feur dhi, héman dubh,  
Bheirinn cruithneachd, hi ri ho ró,  
'S bheirinn sìol dhi,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

Bheirinn cruithneachd, héman dubh,  
'S bheirinn sìol dhi, héman dubh,  
'S greis fhalaireachd, hi ri ho ró,  
Air an t-sliabh dhi,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

'S greis fhalaireachd, héman dubh,  
Air an t-sliabh dhi, héman dubh,  
'D e ged tha, hi ri ho ró,  
Cha ghabh mi 'm bliadhna,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

'D e ged tha, héman dubh,  
Cha ghabh mi 'm bliadhna, héman dubh,  
B' annsa leam, hi ri ho ró,  
Mac Anna riabhach,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

B' annsa leam, héman dubh,  
Mac Anna riabhach, héman dubh,  
'Gam bi na h-eich, hi ri ho ró,  
Mhór air shrìanaibh,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

'Gam bi na h-eich, héman dubh,  
Mhór air shrìanaibh, héman dubh,  
Na h-eich dhonna, hi ri ho ró,  
Throma, dhìolldach,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

Na h-eich dhonna, héman dubh,  
Throma, dhìolldach, héman dubh,  
Ach nam bithinn, hi ri ho ró,  
'N riochd na h-eala,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

Ach nam bithinn, héman dubh,  
'N riochd na h-eala, héman dubh,  
Shnàmhainn an caol, hi ri ho ró,  
'S rachainn thairis,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

Shnàmhainn an caol, héman dubh,  
'S rachainn thairis, héman dubh,  
Dh'fhios an àite, hi ri ho ró,  
'M beil mo leannan,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

Dh'fhios an àite, héman dubh,  
'M beil mo leannan, héman dubh,  
'S chuirinn fàradh, hi ri ho ró,  
Ris a' chaisteal,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

'S chuirinn fàradh, héman dubh,  
Ris a' chaisteal, héman dubh,  
'S bheirinn a-mach, hi ri ho ró,  
Mór nigh'n Lachainn,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

'S bheirinn a-mach, héman dubh,  
Mór nigh'n Lachainn, héman dubh,  
'S a MhicDhòmhnaiillDuibh, hi ri ho ró,  
Á Loch Abar,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

'S a MhicDhòmhnaiillDuibh, héman dubh,  
Á Loch Abar, héman dubh,  
'S truagh, a Rìgh, hi ri ho ró,  
'S gun mi agad,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

'S truagh, a Rìgh, héman dubh,  
'S gun mi agad, héman dubh,  
Ge b' e àite, hi ri ho ró,  
'M beil do leaba,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

Ge b' e àite, héman dubh,  
'M beil do leaba, héman dubh,  
'M bun nan craobh, hi ri ho ró,  
'M bàrr nam baideal,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

'M bun nan craobh, héman dubh,  
'M bàrr nam baideal, héman dubh,  
No air bòrd, hi ri ho ró,  
Luinge faide,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

No air bòrd, héman dubh,  
Luinge faide, héman dubh,  
No air mór-chuan, hi ri ho ró,  
Gorm an aigeil,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

No air mór-chuan, héman dubh,  
Gorm an aigeil, héman dubh,  
'N déis mo chur, hi ri ho ró,  
'N déis mo chatha,  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.

'N déis mo chur, héman dubh,  
'N déis mo chatha, héman dubh,  
'N déis mo dheoch, hi ri ho ró,  
Uisge 'bheatha!  
Héman dubh hì ri och ro,  
Héman dubh hù ó.